

# GilleEasbaig Gruamach ⁊ Iain Lom

le Iain Lom

## **GilleEasbaig:**

A bhean nam pòg meala,  
'S nan gorm-shùilean meallach,  
'S ann a tha mo chion-falaich,  
Fo m' bhannan do m' ghràdh,  
A bhean ⁊c.

Chan eil mi 'gad léirsinn,  
Ach mar gum biodh reul ann,  
An taic ris a' ghréin seo,  
Tha 'g éirigh gach latha,  
Chan eil mi ⁊c.

## **Iain Lom:**

Ar leatsa gur reul i,  
'S gut coltach ri gréin i,  
'S òg a chaill thu do léirsinn,  
Ma thug thu 'n éisg ud do ghràdh,  
Ar leatsa ⁊c.

Boladh ùilleadh an sgadain,  
De dh'ùrla na h-apa,  
'S i 's cùbaiche faicinn,  
A tha 'n taice ri tràigh  
Boladh ùilleadh ⁊c.

## **GilleEasbaig:**

Fios bhuam gu Iain mabach,  
Do 'm bu cheàird a bhith 'gadachd,  
Nach co-ion da bhith 'caig rium,  
'S ru cabaire bàird,  
Fios bhuam ⁊c.

Am busaire ronnach,  
Nam pliut-chasan croma,  
Tha na cuspan air lomadh,  
Gu bonnaibh do shàil,  
Am busaire ⁊c.

Am pliutaire busach,  
Nam brusg-shùilean musach,  
Chan fhasda do thuigsinn,  
Na plubairtich càil,  
Am pliutaire ⁊c.

Ged tha thu 'm fhuil dhirich,  
Nàile, cumaidh mi sìos thu,  
Chan eil coille gun chrionaich,  
Gu dilinn 's gu bràth,  
Ged tha thu ⁊c.

Fuigheall fìor-dheiridh feachd thu,  
Chan fhiach le càch ac' thu,  
Chaill thu d' ìongnan sa Cheapaich,  
Sgrìobadh phrais agus chlàr,  
Fuigheall fìor-dheiridh ⁊c.

## **Iain Lom:**

Fios bhuamsa dhut, 'Ille,  
Chaill thu dualchas do chinnidh,  
Gum beil thu air mhìre,  
Làn de dh'ìnisgean bàird,  
Fios bhuamsa ⁊c.

Mi cho saor de na ronnach,  
Ri aon fhear beò d' shloinneadh,  
Nàile, rinn thu breug shoilleir,  
Am follais do chàch,  
Mi cho saor ⁊c.

Mas ann orm-sa mar dhimeas,  
Ghabh thu choill as a crìonaich,  
Iarr an doire nas ìsle,  
Bho ìochdar do chlàir,  
Mas ann orm-sa ⁊c.

Mur bhith dhomh mac d' athar,  
Is ann dà tha mi 'g athadh,  
Nàile, chuirinn ort athais,  
A tha faiste 'nad chàil,  
Mur bhith dhomh ⁊c.